

Dùthaich air a sgaradh

Thar nam bliadhnaichean thàinig Alba gu bhith na rìoghachd air a **sgaradh**. Cha robh earbsa aig na Gàidheil no na Goill na chèile. Bha na Goill **a' coimhead sìos air** na Gàidheil, ach bha eagal orra cuideachd ro chumhachd **armachd** nan **ceann-feadhna** Gàidhealach.




Cha robh comas sgrìobhaidh no leughaidh aig mòran sna **coimhearsnachdan** Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd no sna h-Eileanan, agus bha na Sasannaich agus na Goill den bheachd gum b' e sgìre **reubaltach** agus **bhorb** a bh' ann.

Cha robh mòran tuigse aig Rìgh Seumas VI nuair a thuir e gur e daoine borb a bha anns na Gàidheil:

'A thaobh nan Gàidheal, tha mi gam faicinn mar dhà sheòrsa; an seòrsa a tha a' fuireach air tìr-mòr a tha borb ach tha sin measgaichte le beagan sìobhaltais; tha an seòrsa eile a tha a' fuireach anns na h-eileanan buileach borb.'

Nam pàirt de na sgìrean san robh Gàidhlig ga bruidhinn



Atharraichean sna sgìrean san robh Gàidhlig ga bruidhinn 1020-1981





Gàidheil a' fàgail nan dachaighean aca air sgàth nam Fuadaichean

Tràth anns an t-seachdamh linn deug aig àm na Fuadaichean chaidh laghan a dhèanamh gus **smachd** a chumail air na Gàidheil. Dh'fheumadh na cinn-feadhna am mic a chur gu sgoiltean sa Ghalldachd gus an ionnsachadh sa Bheurla.

B' e seo aon de na rudan a bha a' dol a dh'atharrachadh saoghal nan Gàidheal. Bha na Gàidheil duilich nach robh na daoine urramach a' cleachdadh na Gàidhlig. Sgrìobh an t-Urr Iain MacGill'Eathain mun Ghàidhlig:

**'An cùirt na Rìgh, rè mìle bliadhn' is treall
Do bhi sin tùs, mun do thog cainnt
Dhùbhghall ceann.'**



Ag ionnsachadh Beurla